Stiùiriche Cruthachail

Stiùiriche Cruthachail

Facal bho Gareth Morgan, Cathraiche a' Bhùird

Halò, agus tapadh leat airson ùidh a nochdadh san dreuchd seo. Tha sinn gu math toilichte gu bheil thu a' toirt sùil air a' chothrom inntinneach seo, a bhith mar phàirt den sgioba sgoinneil againn.

Fad còrr is 30 bliadhna, the SEALL air a bhith aig cridhe cultar san Eilean Sgitheanach, Ratharsair agus Loch Aillse. Rè an ùine sin, tha sinn air iomadach buidheann, cluicheadair, seinneadair agus còmhlan aig àrd-ìrean agus eadar-nàiseanta a tharraing gu luchd-èisteachd na sgìre agus a' taisbeanadh an tàlant a tha ri fhaicinn agus ri chluinntinn nar sgìrean fhèin. Bho chonsairtean sna tallaichean baile gu na fèisean ainmeil againn, tha sinn air cliù a chosnadh mar bhuidheann a chuireas fàilte, miann agus cruthachas aig teis-meadhan ar dòigh-obrach. Tha an obair againn stèidhichte air trì prionnsapalan – Daoine | Dèanadas | Dùthchas.

Tha sinn a-nise a' sireadh Stiùiriche Cruthachail ùr a chuireas cruth air an ath chaibideil. 'S e cothrom a tha seo diofar a dhèanamh, a' stiùireadh sgioba dhealasach agus ag obair còmhla ri Bòrd a tha taiceil, gus pròg ram de thachartasan inntinneach a lìbhrigeadh. 'S e cothrom a th' ann stiùir a thoirt air buidheann a tha freumhaichte sa choimhearsnachd, agus deònach rudan nas fharsainge fheuchainn.
Tapadh leat airson ùidh a nochdadh.

Le deagh dhùrachdan,

Gareth Morgan
Cathraiche a' Bhùird

DREUCHD AN STIÙIRICHE CRUTHACHAIL

Is e seo prìomh dhreuchd SEALL, a' leasachadh agus a' lìbhrigeadh phròg ram na buidhne, a bharrachd air stiùireadh agus rianachd làitheil a thig na cois.

LÈIRSINN

Aig SEALL tha sinn a' creidsinn ann an cumhachd ealain is ciùil gus beatha dhaoine atharrachadh anns an Eilean Sgitheanach, Ratharsair agus Loch Aillse, an dà chuid mar luchd-èisteachd agus mar com-pàirteachan. Bidh sinn ag amas air na coimhearsnachdan againn – cuid aig nach eil mòran ghoireasan, agus feadhainn a tha gu math iomallach - a tharraing còmhla ann an coimhearsnachd ealain.

SEALL

CÒ SINNE?

Tha obair SEALL a’ tighinn bhon choimhearsnachd agus bhon àite. Fad còrr is 30 bliadhna, the SEALL air a bhith mar phrìomh bhuidheann ag adhartachadh ealain dùthchail, le obair a tha freumhaichte ann an coimhearsnachd, dùthchas agus cultar. Tha sinn a’ creidsinn gu làidir gum bu chòir cothrom a bhith aig gach neach air ealain fhaicinn agus a chluinntinn agus tha sinn a’ creidsinn gu bheil an obair againn a’ toirt buaidh a thèid nas fhaide nan taisbeanadh no nan consairt fhèin.

Tron Phròram Bhliadhnail againn, bidh sinn a’ cur air dòigh thachartasan a tha togarrach, dùbhlannach, agus a bheir cruth-atharrachadh air tuigse, smuaintean agus beachdan, a’ tarraing an luchd-ealain as ainmeile san t-saoghal dhan oisean bheag againne de dh’Alba agus aig an dearbh àm a’ feuchainn ri bhith nar tosgairean airson luchd-ealain ionadail na sgìre.

Tro Fhèis nan Tallaichean Beaga, gach bhliadhna san t-Samhain, thèid againn air ceòl is coimhearsnachdan bho air feadh na sgìre a thoirt còmhla, anns na tallaichean coimhearsnachd san Eilean Sgitheanach, Ratharsair agus Loch Aillse fad cola-deug.

Tron Phròram Ghàidhlig againn bidh sinn a’ dearbhadh cho sònraichte agus cho cudromach sa tha cànan agus cultar na Gàidhlig agus a’ cruthachadh chothroman a bhith a’ co-obrachadh le com-pàirteachaidhean air feadh na sgìre.

Tron Phròram SEALL@Home agus iomairtean eile, bidh sinn ag amas orrasan aig nach eil na h-aon chothroman no a tha so-leònte, le bhith a’ tòirt chothroman dhaibh a bhith an sàs le ceòl agus tachartasan ealain, a’ ruith bhùithtean-obrach agus ag obair còmhla ri daoine òga cuideachd.

Mar phàirt den Chomann Chultarail againn, bidh sinn ag obair air pròiseactan leis a’ choimhearsnachd gus àiteachan nas sàbhailte agus nas dàna a chruthachadh, le leasachaidhean sòisealta aig cnag na cùise.

Tha SEALL na charthannas clàraichte an Alba agus na Chompanaidh Albannach, agus bho 1 Faoilleach 2025 an lùib sgeama maoin ioma-bliadhna Alba Chruthachail. Tha an Carthannas air a stiùireadh le 8 Urrasairean, agus Gareth Morgan na Chathraiche.

SEALL

AMAS NA DREUCHD

Is e seo prìomh dhreuchd SEALL, a' leasachadh agus a' lìbhrigeadh pròram na buidhne a bharrachd air an stiùireadh agus rianachd làitheil a thig na cois. Bidh an Stiùiriche ag obair gu dlùth leis a' Bhòrd agus prìomh chom-pàirteachaidhean airson na leanas a thoirt gu buil:

- Ro-innleachd SEALL a thoirt gu buil a rèir aontaichean maoineachaidh 25-28
- Pròraman bliadhnail a riochdachadh airson pròram na bliadhna, Pròram Gàidhlig, SEALL@Home, Comunn Cultarail agus Fèis Tallaichean Beaga agus Fèis an Eilein.
- Stiùireadh agus seasmhachd maoineachaidh na buidhne agus a' toirt fàs air luchd-taic agus luchd-maoineachaidh na buidhne
- Stiùireadh ionmhas na buidhne agus ag aithris air na diofar shnìomhan de theachd a-steach.

A bharrachd air sin, bidh an Stiùiriche Cruthachail an urra ri:

- Stiùireadh an sgioba agus cunnraidearan
- Rianachd na buidhne mar chompanaidh agus mar charthannas chlàraichte.
- A' neartachadh dhàimhean le luchd-ùidhe anns an sgìre agus air feadh nan diofar phròiseactan.
- A' riochdachadh SEALL aig diofar ìrean agus am measg diofar bhuidhnean, agus a bhith mar ìomhaigh na buidhne le na buidhnean nàiseanta is ionadail.

TUAIRISGEUL-OBRACH

Tiotal-obrach: Stiùiriche Cruthachail

Uairean-obrach: Làn-ùine (35 uair san t-seachdain). Bidh tachartasan a' ruith tron latha agus air an oidhche, mar sin feumar a bhith sùbailte le comas ùine a stiùireadh. Tha sgeama TOIL ann airson na h-amannan as trainge.

Tuarastal: £42,000 sa bhliadhna le suas ri £1,500 de thaic airson gluasad dhan Eilean, a rèir fheumalachdan an neach a shoirbhicheas.

Àite: Stèidhichte ann an oifis SEALL san Àth Leathainn, san Eilean Sgitheanach. Feumaidh an neach a bhith stèidhichte san oifis gu tric, ged a dh'fhaodadh cothrom a bhith ann obrachadh aig astar bho àm gu àm, air sàilleibh meud an sgioba agus an sgìre anns a bheilear ag obair.

An urra ri: Cathraiche Bòrd nan Urrasair

SEALL

PRÌOMH DHLEASTANASAN

Bidh uallach air an Stiùiriche Chruthachail airson na leanas:

- A’ stiùireadh agus a’ riochdachadh pròram bliadhnail thachartasan SEALL, a rèir Plana Ro-innleachd na buidhne 2025–2028.
- A’ stiùireadh leasachadh ro-innleachdail na buidhne.
- A’ stiùireadh planadh leantainneachd an sgioba gus dèanamh cinnteach à seasmhachd fad-ùine SEALL.
- Dèanamh cinnteach gu bheil SEALL a’ coileanadh a h-uile gnìomh le dìcheall is proifeiseantachd.
- A’ gabhail uallach airson maoineachaidh, aithriseachd agus obair rianachd luchd-obrach SEALL.
- Ag obair gu dlùth leis a’ Chathraiche is am Bòrd agus a’ bhuidheann nas fharsainge.
- A’ fàs agus a’ leasachadh lìonraidhean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta SEALL le ceòladairean agus luchd-ealain anns a h-uile gnè.
- A’ lìonrachadh le fèisean is lìonraidhean chuairtean eile aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta, a’ lorg dhòighean co-obrachaidh/no iomlaid thachartasan gus pròramadh a neartachadh.
- A’ leasachadh an t-structair theicnigeach a tha a dhìth air SEALL gus obrachadh mar phrìomh bhuidheann ealain is carthannas roinneil.

Bidh an Stiùiriche Cruthachail cunntachail airson:

- Aithisg a chur dhan Bhòrd gu cunbhalach.
- Sùil a chumail air siostaman a bheir aithrisean dhan luchd-maoineachaidh agus dearbhadh gu bheil na siostaman sin iomchaidh
- Buidseatan a chruthachadh agus sùil a chumail orra tron bhliadhna
- Dearbhadh gu bheil am fiosrachadh mu dheidhinn ballrachd, taic agus luchd-cleachdaidh na buidhne iomchaidh agus ceart agus air a ghlèidheadh a rèir laghan dàta
- An co-bhonn ris an Oifigear Margaideachd, dearbhadh gu bheil SEALL aithnichte air-loidhne agus a’ dèanamh oidhirp dèiligeadh ri iarrtasan cho luath ’s a ghabhas.

SEALL

SÒNRACHADH PEARSA

	Riatanach (r) | Na bhuannachd (b)	Modh Measaidh
TEISTEANASAN	• Ceum no eòlas iomchaidh eile (r)	Iarrtas
EÒLAS	• A' leasachadh agus a' cur air bhog ro-innleachdan cultarail (r) • A' stiùireadh buidhinn agus a' cumail smachd air d' obair fhèin (r) • Ag obair le Bòrd Stiùiridh (b) • A' neartachadh dhàimhean le luchd-ùidh agus a' brosnachadh co-obrachadh ann an diofar choimhearsnachdan (r) • Siostaman togail airgid, gu h-àraid a thaobh charthannaisean, agus fianais mu thagraichean a shoirbhich (r) • A' cleachdadh shiostaman agus innealan dàta airson tachartasan a mheasadh (b) • Margaideachd (b) • Meadhanan didseatach (b) • Cànan agus cultar na Gàidhlig (b)	Iarrtas Agallamh Gnìomh
COMASAN	• Smaoineachadh gu ro-innleachdail agus fàs a thoirt dhan bhuidhinn (r) • Deòin agus comas a bhith nad thosgaire gus barrachd ghoireasan a thoirt dhan sgìre (r) • Smaoineachadh cruthachail agus comas bheachdan cruthachail a chur an cèill (b) • Sàr chomasan stiùireadh buidhne (r) • Dèiligeadh ri suidheachaidhean san raon ealan, gun rabhadh (r) • Ag obair le measgachadh de bhuidhnean agus daoine fa leth (r) • Microsoft Office 365 suite, XERO, Canva (r) • •Sàr sgilean conaltraidh (sgrìobhte agus labhairt) (r) • Tuigse Gàidhlig (labhairt, leughadh agus sgrìobhadh) (b) • Deagh thuigse air laghan nan ealan gu h-àraid a thaobh chùmhnantan (b)	Iarrtas Agallamh

IARRTAS

Ceann-là: 19/10/2025
Geàrr-liosta: seachdain a’ tòiseachadh 20/10/2025
Agallamhan: seachdain a’ tòiseachadh 3/11/2025

Cuir cunntas-beatha agus litir (1500 facal aig a’ char as fhaide) a’ mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort airson na dreuchd, a rèir an fhiosrachaidh san tuairisgeul agus an sònrachadh pearsa.
Post-d: **aros_consulting@outlook.com**

Nam biodh tu airson bruidhinn mun dreuchd mus cuir thu iarrtas a-steach, faodar fios a chur gu Jamie Sutherland, a tha san dreuchd an-dràsta.
Post-d: **jamie@seall.co.uk**

SEALL